



## Ceistean airson Lorna

1. Càite an do rugadh is an do thogadh tu? (Rita)
2. A bheil bràthair no piuthar agad? (Rita)
3. Càite bheil iad a' fuireach agus am bi iad a' tighinn air chèilidh ort am-bliadhna? (Rita)
4. Càite an robh thu a' fuireach mus do thill thu a Bheàrnaraigh? (Sue)
5. A bheil thu toilichte a bhith an seo no am b' fheàrr leat a bhith ann an Glaschu fhathast?(Sue)
6. Dè a' chiad dreuchd a bha agad, agus càit' an robh thu ag obair an uairsin? (Sue)
7. Dè na peataichean a th' agad? Dè na h-ainmean a th' orra?(Andrew)
8. Dè as toil leat leughadh? Dè an seòrsa leabhraichean a tha a' còrdadh riut? (Andrew)
9. Dè an spòrs as fheàrr leat? (Andrew)
10. Dè an t-àite as inntinnich anns an robh thu riamh? (Dùthaich/Baile/Eile?)(Donald)
11. Tha fios againn gur toil le lain seòladh? An toil leatsa seòladh cuideachd? An robh tinneas na mara ort riamh? (Donald)
12. Mas urrainn dhut fiathachadh do dhìnnear a thoirt do thrùir dhaoine, cò iad agus carson? (Donald)
13. Dè an diofar eadar Beàrnaraigh san latha-an-diugh agus an t-eilean mar a bha e nuair a bha thu na b' òige? (Alison)